

This short (re-edited) article first appeared in Nòs Irish Language Magazine in May 2012

Seòmar-cadail na caile crìne... ciaramh feasgair

Athair: tha an corra-ghrithinn a' seasachd air grinneal a' chladaich, a chasan caol anns a' mhuir agus bithidh e coiseachd gu h-aotrom a' rùrachamh iasgan bheaga. Tha e uamharraidh uasal na choltas, le gob fada bàn 's cóta mar dhath nan neul.

Caile chrìon: cóta air son a chumail blàth?

Athair: 's e. Bhon a bhitheas e fuar corr' uair aig beul na h-oidhch' air a' chladach.

Caile chrìon: a' bheil beul aig an oidhche?

Athair: tha. Agas aig a' mhadainn.

Caile chrìon: tha beul aig a' ghréin agus thig solast na maidne ás.

Athair: sheamh, tha sin ceart. Thig an dorchadas a-mach á beul na h-oidhche 's théid an solast a-staigh. Cha chluinn u ach guth a' ghille-Bhrìde 's e snàmh gu socair tron adhar ach slat os ceann na mara réidhe.

Caile chrìon: 's e sin an t-eun as fheàrr leat, an gille-Brìde.

Athair: 's e. An gille-Brìd' agus an corra-ghrithinn. Agas 's math leam gu mór an guilbearnach.

Caile chrìon: Gu dé a th' ann an guilbearnach?

Athair: 's e guilbearnach eun eile, tha breac agus aig a' bheil gob cam. Tha 'd a' fanachd làmh ris a' chladach cuideachd agus bithidh ead ag iteamh bheòthaichean a gheobh ead anns a' ghaineach agus anns an tanalach.

Caile chrìon: math!

Tha mi ‘nis le companaich, air mo chuirteachamh le daoine nach tuig facal agam co-thiù, gun aobhar facal atharrachamh air an son. Tha an seòmar beag ‘s an sluagh mòr, tha ‘n t-adhar fliuch ‘s na cluasan bodhar.

“*Well*, bidh cànanain, *you know*, ag atharrachadh fad na h-ùine *really*, chan urrainn dhut stad a chur air sin” **tha mi air sin a chluinntinn uair na dithist**

“Ach an dà-rìreamh” **a’ glaodhaich os àird thair ceòl na fidhle**, “bheil sinn ag iarraidh gun tig na h-uile atharrachamh a théid oirre á Beurla a-mhàin? An e atharrachamh tha sin, no an e nach eil sinn air tuigsinn gu bheil roghainn againn? Car-son, gu dearbh, a tha sinn cho toileach ri réiteachamh?”

“*Cause* tha Beurla *everywhere* a-nis, feumaidh Gàidhlig atharrachadh, *d’ you know what I mean*, no bàsachaidh i!” **coltas gearanach oirre a-nis**

“Car-son a theireamh tu sin? Nach abair sinn uile ris ar clann: na atharraich usa gas annad fhé air son daoine eile, tha u gasta dìreach mar a tha u?” **sùilean a’ caolachamh**

“*Actually*, chanainn sinn gun teagamh, nam biodh clann agam, ach tha e diofaraichte le cànanain. *Gaelic will just be left behind!*” **le sguab a làmh**

“Ach cà’ bheil sinn a’ dol? Feumaidh tu gabhail ri cuid mhath de na h-atharrachaimhean a thig air an t-saoghal -cha b’ fheàrrte tu bhith rag air fad- ach an atharraicheamh tu an dòigh a th’ ort ‘s an nàdar a th’ annad air son ‘s gum maireamh tu beò? Có usa ceann sin?”

Pinn-tean MhicAonghais, feall-dha agas deasbad air ais ‘s air aghaidh. ‘S e an t-eadar-dhealachamh nach eil feum agam ‘s nach bith a-chaidh air cead cainnt làn a bhruidhinn. Shin an deithir eadarainn. Bithidh Gàidhlig mo chridhe ‘s mo ghaoil tioralach annam, air a dian gu daingean, gu stailceil ‘s mi stallachdach nam dhòigh gu bràth.

Tha mi ann an achamh a-nis, ceòbanach a' sìleamh gu gràdhach orm, geumnaich mairt 's gearan chnàimhich nam chluas 's mi cho taingeil air an dùthaich ge rag reòite fuar mo làmhan. Spruilleachd-sneachd' air muin na h-uile craobh 's cnoc. Albainn deis beò dìreach làmh rium an cumamh sean-duine chneasda.

“Tha ‘d ag ràidht’ gu bheil cuid de na Féinn air an tiodhlacamh an t-sin, fa’ bheil na craobhan a’ cinntinn shuas taobh thall an taighe. Tha na beòthaichean gu math toigheach air dol a-nunn don t-sin”
craiceann mar sheiche-muic, corragan mar fhreumhan-dàraich, guth mar bun-steall na Gàidhlig fhé. Bu durachdach a dh’éistinn ‘s bu shuarach leam buaireamh, am bu ghaillean no Gall e.

Bha uair beò air ar dùthaich
Nan Gàidheal, mic nan sàr-laoich
An t-sliochd, bhitheamh sinn ‘glaodhaich
Ron bhlàr

Ron bhlàr sinn ‘s ro nàmhaid,
Gun ghealtair’ ‘s gun aimhreit,
Le clann sinn ‘s le càraid,
Bha sinn teann

Bha sinn teann ‘s bha sinn teòm’
Air ar n-inntinn nach bu trom
Oidhcheannan fliuch ‘s a’ gheamramh lom
‘Leigeil fuil

Leigeil fuil mhath, bhlàth a’ mhairt,
Ciamh feasgair fhuar sa ghart,
‘S mór am beud do chall na sgàirt’ a
Bha uair beò

Dìlse ‘s gaisge. Chì u aig an taigh-dhealbh ead. Cluinnidh tu mun cuairt orra mar rudan sean-nòsach anns nach bith ciall sam bith an-diugh na ‘máireach. Buinidh ead do laithean a dh’aom agas ma bhruidhneas tu mun cuairt orra mar rudan anns a’ bheil fiach, tha u nad sheanair, no cuideigin a tha daonnant ann am bruadar na inntinn.

Ach co-thiù, mur a bheil u ‘g iarraidh bhith an cuideachd nam Féinn, na gabh usa dragh, ach feuch gum freagair u gu ceart ri “dé ‘m beò a th’ ort?”

Thoir dhaibh am facal-faire: “tha mi *ALLRIGHT*” *and the pressure to honour your ancestors will be off!*